



**y ganolfan cynllunio iaith**  
welsh centre for language planning

---

**Coimeas eadar Modailean  
Bogaidh Cànain do Chlann-sgoile**

**Geàrr-chunntas**

**An Gearran 2012**



**y ganolfan cynllunio iaith**  
welsh centre for language planning

---

**Parc Busnes Aberarad  
Castellnewydd Emlyn  
Sir Gaerfyrddin  
SA38 9DB**

**Fòn: 01239 711668  
post@iaith.eu  
www.iaith.eu**

**Ùghdaran:**

Kathryn Jones, IAITH: Ionad Planadh Cànan na Cuimrigh  
agus  
Mona NicUilleim, Oilthigh Srath Chluaidh

Tha a' chompanaidh agus na h-ùghdaran a' gleidheadh gach còir choitcheann ach am faigh iad aithne iomchaidh nuair a nithear aithris air pàirt sam bith den aithisg seo.

Air a choimiseanadh le:  
**Bòrd na Gàidhlig**  
Darach, Fèith nan Clach  
Inbhir Nis, IV2 7PA  
Fòn: 01463 225454  
www.gaidhlig.org.uk

## **Amas a' phròiseict**

1. Tha e na amas don phròiseact seo, a mhaoinich Bòrd na Gàidhlig, sgrùdadh a dhèanamh air an litreachas agus air an stiùireadh a th' ann air deagh dhòighean-obrach a thaobh a bhith a' teagasg is a' bogadh clann ann am mion-chànanan agus a thaobh dòighean-ionnsachaidh – bho ìre ro-sgoile gu àrd-sgoile, ann an Alba agus ann an dùthchannan eile, agus a tha iomchaidh do bhith a' cur air adhart na Gàidhlig ann an Alba.
2. Tha an aithisg iomlan a' sealltainn geàrr-iomradh air na modailean bogaidh ann an Aotearoa/Sealan Nuadh, Hawai'i, Canada agus na Stàitean Aonaichte, gus coimeas a dhèanamh eadar iad sin agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig mar a tha e ann an Alba. A thaobh na Roinn Eòrpa, tha an aithisg a' toirt sùil air na modailean foghlaim dà-chànanach sa Chuimrigh, ann an Èirinn, Catalùinia agus ann an Coimhearsnachd Fèin-riaghlaidh nam Basgach. Tha i cuideachd a' tarraing air rannsachaidhean san fharsaingeachd gus coimhead air gach cuspair a chaidh a chomharrachadh san tuairisgeul rannsachaidh a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig.

## **Coimeas eadar 'modailean' foghlam bogaidh**

### **Bogadh anns an 'dàrna cànan'**

3. Ann an Canada, tha tràth-bhogadh mar as trice a' ciallachadh Fraingis 100% den ùine do chlann aois 4–5 san Sgoil-àraich agus do chlann 5–7 aig ìre 1. Gheibh iad aon ghreis-theagaisg air sgilean Beurla aig ìre 2 (aois 6–8), ìre 3 (aois 7–9) no uaireannan cho anmoch ri ìre 4 nuair a tha a' chlann 8–10 bliadhna a dh'aois. Aig ìre 5 (aois 9–11) agus ìre 6 (aois 10–12) tha an ùine theagaisg air a roinn na dà leth eadar an dà chànan agus bidh an ùine a thathar a' teagasg ann am Fraingis mar as àbhaist a' dol sìos gu 40% den ùine aig ìre 7 (aois 11–13), ìre 8 (aois 12–14) agus ìre 9 (aois 13–15), agus tuitidh i a-rithist aig ìre na h-àrd-sgoile a chionn 's gu bheilear a' tabhann barrachd chuspairean tro mheadhan na Beurla seach Fraingis. Tha prògraman bogaidh ann am Fraingis ann an Canada gu tur dà-chànanach oir tha an dà chànan aig an luchd-teagaisg, agus thathar a' cleachdadh Fraingis agus Beurla mar chànanan teagaisg ann an dòigh a tha a' leantainn structar sònraichte a tha ag iarraidh gum bi làn-chomas sgrìobhaidh, leughaidh is labhairt san dà chànan aig sgoilearan. Tha sgoilearan Fraingis a tha a' faighinn 'bogadh san dàrna cànan' nan luchd-ionnsachaidh L2 den chànan sin, agus mar sin mar as trice tha na sgoilearan nas fhaisge air a chèile a thaobh comas sa chànan bhogaidh na tha sgoilearan a tha ann am foghlam mion-chànanan eile air an tug sinn sùil.

4. Tha sgrùdaidhean air a' mhodail Chanèideanach agus modailean eile airson bogadh anns an 'dàrna cànan' air trì prìomh bhuannachdan a chomharrachadh:
  1. Tha na sgoilearan bogaidh nas fheàrr na sgoilearan Beurla nuair a thig e gu bhith a' togail an dàrna cànan.
  2. Às dèidh mu shia bliadhna san sgoil, bidh sgoilearan bogaidh air an aon ìre a ruighinn a thaobh chomasan sa chiad chànan ri sgoilearan Beurla, agus bidh na sgoilearan a gheibh tràth-bhogadh ann am Fraingis a' dèanamh nas fheàrr na sgoilearan Beurla sa chiad chànan.
  3. Bidh an dàrna cànan aig sgoilearan a gheibh tràth-bhogadh agus cha toir sin droch bhuaidh sam bith air cho math 's a nì iad a thaobh chuspairean eile sa churraicealam.

### Foghlam bogaidh ath-bheothachaidh dà-chànanach

#### Māori

5. Nuair a thig e gu foghlam tro mheadhan na Māori, 's e 'làn-bhogadh' (Ìre 1: 81% – 100% Māori) a' phrìomh dhòigh-teagaisg. Cuideachd, tha a' mhòr-chuid de phrògraman bogaidh aig Ìre 1 nan Kura Kaupapa Māori, 's e sin nan làn-sgoiltean fa leth (an àite aonadan no sruthan taobh a-staigh sgoiltean Beurla). Tha rannsachadh air foghlam tro mheadhan na Māori a' toirt dhuinn fianais coltach ris mar a gheibhear airson foghlam bogaidh ann an àiteachan eile, gur iad prògraman làn-bhogaidh (81% – 100%) as soirbheachail agus gum faodar toraidhean matha fhaicinn an lùib phrògraman pàirt-bhogaidh far a bheilear a' teagasg 51% – 80% (Ìre 2) den ùine sa chànan-bhogaidh. Mar sin, thathar a' moladh gum bu chòir foghlam tro mheadhan na Māori a libhrigeadh aig Ìre 1 agus Ìre 2 an àite a bhith a' leudachadh foghlam dà-chànanach san fharsaingeachd aig Ìre 3 (31% – 50% Māori) agus Ìre 4 (12% – 30% Māori).

### (Bogadh ann am) Foghlam Dà-chànanach Leudachaidh

#### Gàidhlig

6. Ann an Alba, tha leasachadh Foghlam tron Ghàidhlig air a bhith stèidhichte air 'bogadh sa chànan' nuair a thig e gu bhith a' teagasg agus ag ionnsachadh tro mheadhan an dàrna cànan is tro mheadhan cànan dualchasach. Ann am foghlam Gàidhlig, tha an teagasg agus an t-ionnsachadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig aig an **ìre làn-bhogaidh** aig ìre ro-sgoile agus bho BS1 gu BS3. Bheirear Beurla a-staigh an uair sin mean air mhean tro mheadhan na Gàidhlig aig an **ìre bhogaidh** (mu BS2/3), ach tha a' Ghàidhlig fhathast na prìomh chànan teagaisg san sgoil anns gach raon de churraicealam na bun-sgoile.
7. Aig ìre àrd-sgoile, chan fhaicear an aon seòrsa cunbhalachd idir le eadar-dhealachaidhean mòra eadar sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail. Ged a tha 46

àrd-sgoiltean a' tabhann teagasg Gàidhlig de sheòrsa air choreigin, chan eil ach 14 dhiubh a' teagasg chuspairean eile (a thuilleadh air a' Ghàidhlig fhèin) tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a' mhòr-chuid de na cuspairean sin rim faotainn ann an ÀS1 agus ÀS2, agus chan eil ann ach beagan sgoiltean a tha a' teagasg chuspairean mar cruinn-eòlas, eachdraidh, matamataig agus nuadh-eòlas gu ÀS4.

### A' Chuimris

8. Sa Chuimrigh, ann an sgoiltean-àraich agus bun-sgoiltean Cuimris tha gach sgoilear ann an àrainneachd ris an canar a' Bhun-ìre (aois 3–7) far a bheilear gan teagasg gu tur ann an Cuimris. Ann an sgoiltean Cuimris, tha a' Chuimris cuideachd na prìomh mheadhan teagaisg do sgoilearan aois 7–11, agus thathar a' teagasg co-dhiù 70% den churraicealam tro mheadhan na Cuimris. Thathar a' toirt Beurla a-staigh gu foirmeil air Bliadhna 3 nuair a tha sgoilearan 7–8, agus thèid a teagasg tro mheadhan na Beurla. Thèid an còrr den churraicealam a theagasg ann an Cuimris. Thathar an dùil gun tèid aig a h-uile sgoilear a dhol gu àrd-sgoil Chuimris; chan eil e gu diofar dè an cànan a tha iad a' cleachdadh san dachaigh. Thathar an dùil cuideachd gum bi sgoilearan, nuair a tha iad deiseil sa bhun-sgoil, air an aon ìre a ruighinn a thaobh comasan ann am Beurla ri sgoilearan Beurla.
9. Mar as trice bidh **àrd-sgoiltean Cuimris** a' teagasg gach cuspair, ach a' Bheurla, tro mheadhan na Cuimris, ach bidh cuid a sgoiltean a' toirt a-steach briathrachas Beurla airson cuid a chuspairean. Tha trì seòrsa àrd-sgoiltean dà-chànanach ann cuideachd: ann an sgoiltean aig **Ìre A airson dà-chànanas** tha a h-uile sgoilear a' faighinn co-dhiù 80% de na cuspairean aca (gun a bhith a' gabhail a-staigh na Beurla agus na Cuimris) tro mheadhan na Cuimris. Sna sgoiltean sin bidh 's dòcha cuspair no dhà air an teagasg do chuid a sgoilearan tro mheadhan na Beurla no tro mheadhan an dà chànan. Ann an sgoiltean aig **Ìre B is C airson dà-chànanas** tha 'sruthan' Cuimris far a bheilear a' teagasg co-dhiù 70% no 50% – 79% de na cuspairean tron a' Chuimris, ach tha 'sruthan' Beurla ann cuideachd.

### Gaeilge

10. Air a' Ghaeltacht, ann am bun-sgoiltean a tha suidhichte ann an sgìrean le 70%+ de luchd-labhairt na Gaeilge thèid a' mhòr-chuid de chlasaichean a theagasg tro mheadhan na Gaeilge. Thèid feadhainn de na clasaichean a theagasg tron Bheurla ann an sgoiltean suidhichte ann an sgìrean le 50% – 69% de luchd-labhairt na Gaeilge. Ann an sgìrean far a bheil an àireamh às a' cheud de luchd-labhairt na Gaeilge nas lugha, bidh bun-sgoiltean mar as trice a' teagasg mu leth den churraicealam tron Bheurla a-mhàin no ga theagasg cha mhòr uile sa Bheurla. A thaobh a bhith a' teagasg tro mheadhan na Gaeilge aig ìre na h-àrd-sgoile air a' Ghaeltacht, thathar den bheachd gu bheil teagasg Gaeilge ann an

staing dha-rìribh. Tha tòrr sgoiltean ann an sgìrean le nas lugha na 49% de luchd-labhairt na Gaeilge far a bheilear a' teagasg chuspairean tron Bheurla, no 's i a' Bheurla am prìomh chànan teagaisg. Fiù 's ann an àrd-sgoiltean ann an sgìrean làidir den Ghaeltacht (Gaeilge aig 70%+) tha barrachd is 10% den teagasg tro mheadhan na Beurla ann an cuid de chuspairean traidiseanta.

11. Taobh a-muigh na Gaeltacht, tha poileasaidh làn-bhogaidh aig a' mhòr-chuid de sgoiltean làn-Ghaeilge airson a' chiad bhliadhna do Phàistean Òga (aois 4–5). Bheirear ealain tro mheadhan na Beurla a-steach nuair a tha sgoilearan 5–6 (Pàistean as Sine). Tha seo nas tràithe na chithear sna modailean Gàidhlig is Cuimris, ach tha e coltach ris an t-siostam a gheibhear ann am foghlam bogaidh Suainis anns an Fhionnlainn. Thèid 85% den teagasg a dhèanamh tron Ghaeilge fhathast, agus gheibhear am modail bogaidh seo leis a' chànan fhathast aig cridhe an ionnsachaidh anns gach sgoil bhogaidh Gaeilge agus cumar ris a' mhodail sin air feadh foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile. Tha sgoiltean-àraich Gaeilge a' cumail ri feallsanachd anns am faigh a' chlann tràth-bhogadh sa chànan agus tha sin fìor airson gach sgoil-àraich Gaeilge ann am Poblachd na h-Èireann.

### Catalanais ann an Catalùinia

12. Mar thoradh air Reachd an Fhèin-riaghlaidh ann an 1979, chuir riaghaltas Chatalùinia Prògram Bogaidh roghnach airson clann aois 3–12 air dòigh. Bho 1983 tha Catalanais air a bhith na mheadhan teagaisg èigeantach aig gach ìre de dh'fhoghlam. Tha figearan oifigeil a' sealltainn gu bheil barrachd is 90% de chlasaichean bun-sgoile gan teagasg tron Chatalanais agus tha 49% de chlasaichean àrd-sgoile tro Chatalanais. Tha cuid a dhaoine ann a tha air càineadh a dhèanamh air mar a dh'fheumas clann foghlam tro Chatalanais a dhèanamh, ge-tà tha coltas ann nach ann an Catalonia fhèin a tha a' mhòr-chuid de an daoine sin ach sna sgìrean den Spàinn far as e Spàinntis an cànan dùthchasach.

### Basgais ann an Coimhearsnachd Fèin-riaghlaidh nam Basgach (CFB)

13. Ann an Coimhearsnachd Fèin-riaghlaidh nam Basgach, tha trì prìomh mhodailean foghlaim airson bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean ann mar thoradh air mar a chaidh inbhe na Basgais a stèidheachadh às ùr fo ùghdarras CFB.
  - Le **Modail A** thathar ag amas air luchd na Spàinntis a tha ag iarraidh foghlam tro mheadhan na Spàinntis. Thathar a' teagasg na Basgais mar chuspair airson 3–5 uairean a thide gach seachdain (mu 15% den ùine theagaisg). Leis a' mhodail seo, chan eil a' chlann ach a' faighinn blasad gu math beag den chànan.
  - Le **Modail B** thathar a' teagasg na Basgais agus na Spàinntis mar chuspairean agus thèid an cleachdadh mar mheadhan teagaisg airson mu 50% den ùine theagaisg.

## Coimeas eadar Modailean Bogaidh Cànan do Chlann-sgoile 2012

- Chaidh **Modail D** a stèidheachadh mar phrògram do dhaoine aig an robh Basgais bho thùs gus an cànan a ghleidheadh agus 's e an cànan sin an cànan teagaisg (75% den ùine) agus thathar a' teagasg Spàinntis agus cànan eile, Beurla mar as trice, mar chuspairean (25%).
14. Thar nan trithead bliadhna a dh'fhalbh, tha foghlam tro mheadhan na Basgais air fàs gu mòr aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile chun na h-ìre 's gur e Modail D am fear as cumanta (le 60% de sgoiltean a' leantainn a' mhodail sin) agus chan eil ann ach 10% de dh'àrd-sgoiltean agus de bhun-sgoiltean a' leantainn Modail A.

**Dè na modailean as motha a thug buaidh ann a bhith ag àrach is a' gleidheadh fileantaich ann am mion-chànanan?**

15. 'S iad na modailean as trice a chithear ann an sgrìobhaidhean rannsachaidh a tha èifeachdach ann a bhith ag àrach clann a tha fileanta ann am mion-chànan, an fheadhainn a chuireas na leanas an sàs:
- làn-bhogadh sa mhion-chànan do an dà chuid clann L1 is L2 aig ìre ro-sgoile;
  - làn-bhogadh sa mhion-chànan do sgoilearan bun-sgoile gus am bi iad co-dhiù seachd no ochd bliadhna a dh'aois;
  - a' cumail orra a' lìbhrigeadh na cuid as motha den fhoghlam sa mhion-chànan aig gach ìre a tha air fhàgail den fhoghlam èigeantach. Bhon eòlas a fhuaras bho choimhearsnachdan mion-chànain eile, tha e coltach gum feum co-dhiù 70% de na cuspairean a bhith air an teagasg tro meadhan a' mhion-chànain;
  - a' dèanamh cheanglaichean làidir ri coimhearsnachd a' mhion-chànain taobh a-muigh na sgoile agus a' sireadh taic bho phàrantan agus daoine sa choimhearsnachd aig a bheil am mion-chànan gus frithealadh air feumalachdan ionnsachaidh na cloinne.
16. 'S iad na modailean foghlaim as soirbheachail ann a bhith ag àrach nan àireamhan as motha de luchd-labhairt mion-chànan an fheadhainn mar a gheibhear ann an Catalùinia agus ann an Coimhearsnachd Fèin-riaghlaidh nam Basgach far a bheil làn-bhogadh tràth ann an oideachadh na cloinne agus iad a' leantainn orra le foghlam (stàite no prìobhaideach) a tha cha mhòr gu tur tro mheadhan a' mhion-chànain gu deireadh na h-àrd-sgoile.
17. Tha an ìre dham bi sgoiltean a' neartachadh mhion-chànanan agus an cultar an crochadh air cho mòr 's as urrainn dhaibh na mion-chànanan agus an cultar fhisge a-steach don churraicealam agus do thachartasan taobh a-muigh na sgoile. Ann am prògraman bogaidh soirbheachail thathar a' cur cuideam air gach sgoilear a' dol an sàs ann am prògram làn-sgoile. Thathar den bheachd nach eil sruthan no aonadan mion-chànain suidhichte ann an sgoiltean mòr-chànain cho soirbheachail ri làn-sgoiltean a thaobh a bhith a' cruthachadh chothroman taobh a-muigh na sgoile gus am mion-chànan a chleachdadh. Tha sgoilearan a tha gabhail nan cothroman sin nas fhileanta mar as trice, gu sònraichte luchd-ionnsachaidh L2 a tha ag ionnsachadh mion-chànan, oir chan eil iad a' faighinn mòran chothroman eile taobh a-muigh na sgoile gus an cànan a bhruidhinn.



### **A' frithealadh air diofar chomasan tòiseachaidh cànanain agus diofar shuidheachaidhean cànanain san dachaigh**

18. Tha e gu math cumanta ann an foghlam mhion-chànanan agus sgoiltean bogaidh mion-chànanain gum bi diofar chomasan aig a' chloinn sa chànan. Tha an rannsachadh as ùire a' dèanamh soilleir nach eil clann a' tighinn don sgoil mar bhuidhinn cho-ionann aig a bheil na h-aon chomasan cànanain. Mar sin, chan urrainnear siostam foghlaim a leantainn a tha gabhail ris gu bheil a h-uile sgoilear den aon chomas. Tha an rannsachadh a' moladh gum bu chòir siostaman a bhith ann a tha stèidhichte air cleachdaidhean ioma-chànanach, ioma-thaobhach aig clann ann an sgoiltean na h-aonamh linn fichead. Sin an dùbhlán a tha ro fhoghlam mhion-chànanan air feadh an t-saoghail agus ron Ghàidhlig ann an Alba.

### **Sgoilearan le feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd**

19. Gu tric, faodaidh daoine a bhith dìreach gabhail ris nach eil foghlam bogaidh no foghlam tro mheadhan mion-chànan freagarrach do chlann a tha feumach air taic ionnsachaidh a bharrachd, agus gum b' fheàrr a' chlann sin oideachadh ann am foghlam mòr-chànanain. Ge-tà, tha an fhianais a' sealltainn gu bheil prògraman bogaidh freagarrach cha mhòr don a h-uile duine cloinne, a' gabhail a-staigh an fheadhainn aig nach eil an uiread de chomas ionnsachaidh no feadhainn le duilgheadasan ionnsachaidh. Tha i cuideachd a' sealltainn nach bu chòir toirt air clann a tha ann an suidheachaidhean car diofraichte prògraman bogaidh fhàgail, seach nach biodh iad càil nas fheàrr dheth ann am foghlam Beurla. Mar as trice bidh sgoilearan, le diofar chomasan cànanain agus feumalachdan taice, feumach air cuideachadh a bharrachd gus an cuir iad eòlas ceart air a' chànan bhogaidh, mar a tha *Curraicealam Sàr-mhathais na h-Alba* ag aideachadh. Tha an aithisg iomlan a' toirt seachad eisimpleir bho Aotearoa/ Sealan Nuadh de shreath de phrògraman leis an ainm **Kia Puta ai te Reo** a chaidh a dhealbhadh gus frithealadh air feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd agus a nì measadh air an adhartas a tha clann ro-sgoile a' dèanamh a rèir diofar ìrean de chomas ann am Māori.

### **A' dèiligeadh ri sgoilearan nach d' fhuair tràth-bhogadh**

20. Tha e na dhùbhlán cuideachd do phrògraman bogaidh nuair a thig clann dhan t-siostam nuair a tha iad nas sine. Tha feum aig clann mar sin air taic gus an tig piseach air na sgilean cànanain ùra aca cho luath 's as urrainn feuch am bi iad aig an aon ìre 's a tha càch sa chlas. Tha grunn phoileasaidhean cànan-am-foghlam a' toirt an aire dha seo agus tha iad a' toirt taic do sgoilearan san t-suidheachadh seo. Mar eisimpleir, sa Chuimrigh agus ann an Catalùinia tha taic a dh'aona-ghnothach ann do sgoilearan fa leth agus buidhnean beaga a tha feumach air dian-bhogadh sa chànan gus am bi iad cho comasach ri càch. Sa Chuimrigh, tha

'Ionadan Dian-bhogaidh' ann gus seo a dhèanamh agus nì sgiobaidhean de *Athrawon Bro* (luchd-teagaisg coimhearsnachd no sgìreil) seo cuideachd. Sa Chuimrigh, tha prògram bogaidh ann do dhaoine a tha fadalach tighinn don chànan do sgoilearan a tha gluasad gu foghlam Cuimris san àrd-sgoil. Ann an Catalùinia, tha grunn iomairtean ann gus frithealadh air na feumalachdan a th' aig in-imrich a thig don sgìre gun Spàinntis no Catalanais.

### **A' frithealadh air feumalachdan sgoilearan L1 agus L2**

21. Tha e gu math cumanta leis a h-uile modail mion-chànain gum bi tòrr sgoilearan L2 sa chlas còmhla ri àireamhan beaga no mòra de sgoilearan L1. Tha barrachd is barrachd luchd-rannsachaidh ann an Alba agus àiteachan eile a' togail dragh mu seo agus iad ag iarraidh gun coimheadar ris an dòigh anns a bheil luchd-foghlaim a' dèiligeadh ri, agus a' frithealadh air, na feumalachdan eadar-dhealaichte a th' aig a' mhion-chànan mar chiad chànan agus mar dàrna cànan ann am foghlam bogaidh.
22. Tha grunn sgrùdaidhean air sealltainn nuair a tha an dà sheòrsa sgoileir ann gur ann aig a' mhòr-chànan a tha làmh-an-uachdar, gu sònraichte nuair a tha sgoilearan a' bruidhinn ri chèile. Tha an rannsachadh cunbhalach ann a bhith a' sealltainn gun cleachd luchd-labhairt L1 barrachd den mhion-chànan nuair a tha iad còmhla ri clann eile aig a bheil am mion-chànan bho thùs. Tha a' chlann sin nas buailtiche seasamh air ais, agus a bhith nas sàmhhaiche nuair a tha luchd-labhairt L2 a' gabhail smachd air buidhnean, agus cha chleachd iad a' chiad chànan (am mion-chànan) aca uiread. Nuair a tha clann air an cur ann am buidhnean measgaichte, chan eil na sgoilearan L1 no L2 buailteach a bhith a' cleachdadh a' mhion-chànain.
23. Ann an tòrr cho-theacsaichean, tha luchd-rannsachaidh a' cur na ceiste, dè cho math 's a tha clann L2 a' togail a' mhion-chànain. Feumaidh clann òga L2 a bhith air am bogadh sa chànan ann an suidheachadh far an tog iad an cànan gu ceart agus far am faigh iad beairteas a' chànain gus am bi iad cho fileanta 's a ghabhas sa mhion-chànan. Feumar an t-eòlas a tha iad a' cur air a' mhion-chànain a bhith air stèidh a nì ciall dhaibh agus a tha a' dèanamh ceangal eadar sin agus an t-eòlas is tuigse a th' aca air L1.
24. Ann an clasaichean ro-sgoile measgaichte, chaidh a shealltainn gum faod tidsearan a bhith buailteach coimhead barrachd ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh L2 agus ri linn sin 's dòcha nach eil am foghlam a tha a' chlann aig a bheil eòlas air a' mhion-chànan cho math. Tha rannsachadh eadar-nàiseanta ann a tha sealltainn nach eil cleachdaidhean cànan ro-sgoile seasmhach no iom-fhillte gu leòr gus piseach ceart a thoirt air sgilean mion-chànain na cloinne L1. A thuilleadh air leasachadh is taic airson nan sgilean cànan aca, tha clann L1 feumach air taic gus an tig piseach air na sgilean eile aca feuch nach bi iad a' faireachdainn gu bheil iad air an iomall no nach bi cion fèin-spèis aca. A rèir na

fianais, tha e cudromach gum bi sgoilearan mion-chànain air an cur còmhla feuch an toir iad taic dha chèile agus gum bi iad air am piobrachadh gus am mion-chànan a bhruidhinn.

25. Tha rannsachadh a' sealltainn cho cudromach sa dh'fhaodadh pàrantan a bhith ann a bhith a' toirt taic don cuid chloinne a thaobh mar a thig piseach air na sgilean cànanain aca. Faodar pàrantan a bhrosnachadh gus an cuid chloinne L2 a chuideachadh le bhith ag ionnsachadh mion-chànan agus gus am mion-chànan a chleachdadh san dachaigh. Faodar cuideachd pàrantan aig a bheil clann L1 a bhrosnachadh gus cuideachadh feuch am bi an L1 aca brioghmhor is briathrach, faodaidh pàrantan sin a dhèanamh san dachaigh agus le bhith a' dol an sàs ann an leasan is geamannan a bheir piseach air a' chànan L1 san sgoil-àraich agus san sgoil.
26. A rèir luchd-rannsachaidh thig barrachd buannachd bho bhith a' frithealadh air feumalachdan nan diofar bhuidhnean de chlann tro dhiofar dhòighean seach a bhith a' feuchainn ri aon structar a lorg a dh'fhreagras air a h-uile duine. Ann an tòrr cho-theacsaichean, thathar a' moladh clann a roinn a rèir cànan na dachaigh aig ìre na ro-sgoile agus tràth sa bhun-sgoil. Gu math tric bidh seo ag adhbharachadh connspaid, agus an toiseach bidh daoine a' smaoinichadh gu bheil cuid a chlann a' faighinn inbhe shònraichte. Ge-tà, thèid gabhail ri suidheachadh den t-seòrsa seo thar ùine nuair a chithear na buannachdan a thig às.
27. Uaireannan cha ghabh seiseanan no clasaichean fa leth a chruthachadh airson clann L1 is L2, agus nuair a thachras sin, thathar a' moladh gum bu chòir buidhnean a dhèanamh den chloinn L1 is L2 airson cuid den chluich no leasan. Faodaidh cuideachd clann suidhe ri taobh a chèile no a dhol nam paidhrichean airson cluich no obair còmhla, agus bidh clann nas buailtiche bruidhinn ri chèile sa mhion-chànan agus bithear a' frithealadh air na feumalachdan eadar-dhealaichte aca.
28. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil e nas ciallaiche do chlann dà-chànanach an dà chànan a chleachdadh, a thaobh tuigse, sgilean cànanain agus sgilean conaltraidh. Nì sin am feum as motha de na comasan cànanain is tuigse aca, agus cuidichidh e le soirbheachadh is adhartas. Mar sin, thathar a-nis den bheachd gu bheil na siostaman foghlaim a tha ag iarraidh crìochan soilleir is sgaradh a bhith eadar an dà chànan caran seann fhasanta, neo-ghoireasach agus mì-reusanta.
29. Bithear gu tric a' cleachdadh na dòigh-teagaisg (*translanguaging*) ann am foghlam dà-chànanach is ioma-chànanach, gu sònraichte le clann nas sine sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil, far an cleachdar am mion-chànan agus am mòr-chànan gus diofar phàirtean de na leasan a dhèanamh. A rèir fianais, tha e comasach do sgoilearan dà-chànanach a bhith a' soirbheachadh gu mòr nuair a gheibh iad teagasg *translanguaging* le structar ceart, oir leis an dòigh-teagaisg

## Coimeas eadar Modailean Bogaidh Cànan do Chlann-sgoile 2012

seo tha tuigse nas fheàrr agus nas doimhne aig sgoilearan air na cuspairean agus tha i a' leasachadh sgilean iom-fhillte san dà chànan.

30. Tha an rannsachadh air an raon seo a' sealltainn gu soilleir gum feum sgoilearan L1 is L2 prògraman is goireasan ionnsachaidh a tha a dh'aona-ghnothach dhaibh fhèin. Gus frithealadh gu ceart air feumalachdan sgoilearan aig a bheil Gàidhlig agus aig nach eil Gàidhlig feumaidh:

- trèanadh ceart a bhith aig tidsearan;
- curraicealam is dòighean-obrach a dh'aona-ghnothach a bhith ann do L1 is L2;
- luchd-obrach a bharrachd a bhith ann gus am bi obair ann am buidhnean ann gu cunbhalach a rèir chomasan cànan;
- co-obrachadh a bhith ann le pàrantan gus taic a chumail ri feumalachdan ionnsachaidh an cuid chloinne.

### A' toirt a-steach is a' leasachadh sgilean litearrachd ann an dà chànan

31. A thaobh mhion-chànanan dùthchasach, tha litearrachd airson clann le dà chànan mar as trice ag amas air fileantas ann an leughadh is sgrìobhadh dà chànan (no barrachd). Tha an fheallsanachd airson dà-litearrachd a tha a' moladh ionnsachadh **ceum thar cheum** ag amas air litearrachd san dàrna cànan aon uair 's gu bheil am pàiste fileanta gu leòr sa chiad chànan a thaobh labhairt, leughadh is sgrìobhadh. Cuideachd, ann am prògraman ceum thar cheum, cha tèid a' chlann a ghluasad gu tur gu leughadh is sgrìobhadh san dàrna cànan aca gus am bi iad fileanta gu leòr ga bruidhinn.
32. Tha luchd-rannsachaidh ann, ge-tà, a tha sealltainn gun urrainn do chlann leughadh ionnsachadh ann an dà chànan **aig an aon àm** fiù 's nuair a tha iad fhathast a' leasachadh nan sgilean labhairt is tuigse aca san dàrna cànan. Tha dà sgrùdadh farsaing air dà-litearrachd ag aontachadh nach fheumar litearrachd ann an dàrna cànan fhàgail gus am bi grèim ceart aig clann air litearrachd sa chiad chànan. Ge-tà, tha an dà sgrùdadh a' moladh gum bu chòir dhuibh a' cumail oirbh a' leasachadh litearrachd sa chiad chànan gus am bi làn-chomas aig clann air sin, co-dhiù a tha no nach eil sibh a' toirt litearrachd san dàrna cànan a-steach ceum thar cheum no aig an aon àm.
33. A rèir cho-dhùnaidhean an luchd-rannsachaidh, feumaidh sgoilearan, mas urrainn dhaibh, a bhith ann am prògram bogaidh fad 8 bliadhna (6 co-dhiù) los gum bi làn-chomasan litearrachd aca – mar as trice chan fhaigh sgoilearan na sgilean a tha a dhìth orra le prògraman nas giorra, gu sònraichte san dàrna cànan aca. Tha rannsachadh a' sealltainn nuair a tha sgilean litearrachd aig sgoilearan dà-chànanach san dà chànan gu bheil e na bhuannachd mhòr a thaobh tuigse is obair a' churraicealaim agus 's dòcha gur e sin as coireach gu bheil iad gu tric a' dèanamh cho math no nas fheàrr na sgoilearan le aon chànan. Tha sgrùdaidhean air rannsachaidhean a rinn measadh air mar a thig piseach air litearrachd ann an dà chànan gu cunbhalach ag innse dhuinn gu bheil e na chuideachadh litearrachd ann an aon chànan a bhith aig sgoilear nuair a thig e gu leasachadh sgilean litearrachd ann an cànan eile; agus gun gabh na sgilean a chleachdas daoine ann an leughadh is sgrìobhadh ann an aon chànan a chleachdadh airson leughadh is sgrìobhadh san dàrna cànan, gu sònraichte nuair a chleachdas an dà chànan siostaman sgrìobhaidh a tha coltach ri chèile mar a tha aig Gàidhlig is Beurla.
34. Tha rannsachadh air ìre litearrachd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh san fharsaingeachd gu bheil sgoilearan Gàidhlig tric a' dèanamh nas fheàrr na sgoilearan Beurla a thaobh leughadh is sgrìobhadh am Beurla ann am BS5, BS7 agus ÀS2. Ge-tà, tha an aon rannsachadh a' sealltainn nach eil sgoilearan Gàidhlig ann am BS7 a'

dèanamh cho math ann an Gàidhlig 's a tha iad ann am Beurla, gu sònraichte ann an leughadh.

35. Thathar a' faicinn nan aon seòrsa thoraidhean 's a gheibhear ann an rannsachadh air sgilean litearrachd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ann an rannsachadh den aon seòrsa gu h-eadar-nàiseanta a tha coimhead air cho math 's a tha sgoilearan mion-chànain a' dèanamh a thaobh a bhith a' soirbheachadh ann an sgilean a' mhòr-chànain an coimeas ri sgoilearan le aon-chànain.
36. Tha rannsachadh air caochladh dhiofar shuidheachaidhean a' sealltainn nuair a tha sgoilearan gan teagasg tro mhion-chànain no air am bogadh anns an dàrna cànan, feumaidh luchd-foghlaim aig gach ìre bho ìre ro-sgoile air adhart, agus anns gach cuspair sa churraicealam, aire a thoirt air leasachadh sgilean cànanain is litearrachd nan sgoilearan gus am bi tuigse nas doimhne aca air na cuspairean agus gus am bi cainnt is briathrachas aca tha farsaing agus saidhbhir.
37. Tha e na chleachdadh uaireannan a bhith a' fàgail an uallaich as motha airson leasachadh sgilean cànanain is litearrachd air tidsearan cànanain agus oidean airson nan tràth-bhliadhnaichean. Ach tha e soilleir bhon rannsachadh gum feum gach leasan susbaint a bhith na leasan cànanain cuideachd, le cuideam sònraichte air a bhith a' leudachadh eòlas nan sgoilearan air briathran, buidhnean de bhriathran agus cleachdadh bhriathran.
38. Feumaidh 'litearrachd am pailteas' a bhith anns gach ìre de dh'fhoghlam cho math ri ìre ro-sgoile mar a tha *an Curraicealam airson Sàr-mhathas* ag ràdh. Tha deagh dhòighean-obrach rim faicinn mu thràth sna sgoiltean-àraich ach tha an rannsachadh a' sealltainn gum feumar cuideachd taic a bharrachd a thoirt do dh'oidean ro-sgoile gus barrachd brìgh a chur ri ionnsachadh cànanain is litearrachd do sgoilearan Gàidhlig, gu sònraichte a thaobh leughadh stòiridhean Gàidhlig agus taobhan eile de litearrachd Ghàidhlig.
39. Tha e freagarrach aig gach ìre de dh'fhoghlam cloinne a bhith a' togail air an eòlas a th' aca mu thràth. Tha rannsachadh air sealltainn nach eil leughadairean a' dèanamh ciall de theacsa dìreach le bhith ag aithneachadh fhuaimnean no characteran, faclan agus co-chàradh, bidh iad cuideachd a' togail air an eòlas a th' aca fhèin agus na cleachdaidhean cànanain is litearrachd aca. Do sgoilearan a tha ag obair a dh'ionnsaigh dà-chànanaich, tha e gu sònraichte cudromach gun tog iad air an eòlas a th' aca mu thràth gus an tuig iad teacsa nuair a tha 's dòcha beàrnan san eòlas aca air feartan teacsa.
40. Tha an aithisg iomlan a' cur an cèill nam feartan, a chaidh a chomharrachadh tro rannsachadh, a tha èifeachdach ann a bhith a' leasachadh sgilean leughaidh is sgrìobhaidh am measg sgoilearan dà-chànanaich san dà chànain sgoile aca. Tha an aithisg cuideachd ag ainmeachadh eisimpleirean eile ris am b' fhiach e coimhead, mar *dòigh na bùth-obrach litearrachd chothromach*, anns a bheilear a' cur obair chànain is litreachais bhrioghmhor còmhla.

## **A' toirt a-steach is a' leasachadh a' mhòr-chànain nàiseanta agus nuadh-chànanan**

41. Tha Plana Gnìomh Coimisean na h-Eòrpa *A' Cur air Adhart Ionnsachadh Chànanan agus Iomadachd Chànanan* (2003) a' brosnachadh gun ionnsaich gach saoranach an cànan màthaireil agus dà chànain eile (MT + 2). Mar thoradh air seo, tha ionnsachadh èigeantach ann an cànan eile a' tachairt nas tràithe agus nas tràithe, le cuid a dhùthchannan mar an Spàinn agus Lugsamburg ga dhèanamh èigeantach gun ionnsaich clann cànan eile air a' chiad bhliadhna san sgoil.
42. Tha an t-Aonadh Eòrpach ag ràdh Ionnsachadh Susbaint is Cànan Aonaichte (ISCA) ri foghlam dà-chànanaich sna stàitean aige. 'S e teirm fharsaing a th' ann an ISCA, a' gabhail a-staigh prògram foghlaim sam bith anns a bheilear a' cleachdadh 'dàrna' no 'nuadh' chànain no cànan 'cèin' gus cuspairean neo-chànanaich a theagasg. Mar sin, chan eil ISCA a' buntainn ri Gàidhlig ann am Foghlam tron Ghàidhlig.
43. Mar as trice bidh prògraman ISCA ag amas air 'comas co-luadair' a thaobh sgilean tuigse is conaltraidh an àite làn-fhileantas, gu sònraichte nuair nach eil mòran teagasg ga dhèanamh san dàrna cànan sa churraicealam. Bidh cuid a phrògraman ISCA a' cur pàirt nach beag den churraicealam gu feum gus teagasg tro mheadhan chànain cèine agus anns na prògraman sin faodaidh sgilean tuigse is conaltraidh anabarrach math a bhith aig sgoilearan agus thèid susbaint nan cuspairean a theagasg chun na h-ìre a bhiodh dùil ris.
44. Aig ìre na h-àrd-sgoile ann an tòrr sgoiltean, tha tidsearan cànan is chuspairean ag obair còmhla feuch am freagair an dà sheòrsa leasain air a chèile gus an tig piseach air sgilean cànan nan sgoilearan ann an structar a tha air a dhealbhadh seach air thuaiream. Thathar den bheachd gu bheil an dòigh ionnsachaidh seo a' cur air adhart àrainneachd ionnsachaidh nas fhìre seach an seòrsa susbaint a gheibhear le teagasg cànan traidiseanta a tha 'mas fhìor' no ficseanail.
45. Tha rannsachadh ann an co-theacsaichean ISCA a' dearbhadh:
  - gu bheil sgilean nan sgoilearan sa chiad chànain gan leasachadh mar a bhiodh dùil a dh'aindeoin 's gu bheilear a' toirt seachad pàirt nach beag den churraicealam ann an cànan eile;
  - gu bheil barrachd pìsich a' tighinn air sgilean san 'dàrna' cànan no cànan 'cèin' nuair a thathar ga chleachdadh mar chànain teagasg airson cuspairean neo-chànanaich;
  - gu bheil piseach a' tighinn air ionnsachadh susbaint agus nach eil teagasg tro mheadhan a' chànain eile a' toirt droch bhuaidh air;

## Coimeas eadar Modailean Bogaidh Cànan do Chlann-sgoile 2012

- gu bheil foghlam ISCA mar as trice freagarrach don a h-uile seòrsa sgoileir.
46. A rèir na fianais tha barrachd chomasan aig sgoilearan ann an cànan cèin no nuadh-chànan nuair a thèid an teagasg le prògram 'leth-bhogadh' ISCA an àite dòigh-teagaisg thraidiseanta airson nuadh-chànanan, mar sin b' fhiach coimhead ris mar phàirt de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig.
47. Tha barrachd is barrachd mhodailean trì-chànanach rim faicinn ann am foghlam mion-chànanan. Tha an aithisg iomlan a' sealltainn mar a shoirbhich le bhith a' cur ISCA an sàs ann an teagasg Beurla ann am modailean foghlam tro mheadhan na Basgais.



## Tuilleadh leasachaidh air Foghlam tron Ghàidhlig ann an Alba

48. Tha tòrr nithean an lùib Foghlam tron Ghàidhlig a tha ionann ri modailean soirbheachail eile airson foghlam am mion-chànanan 'dualchasach' agus foghlam bogaidh am mion-chànanan, mar an cuideam a thathar a' cur air làn-bhogadh aig ìre thràth, agus a' cumail ri cha mhòr làn-theagasg ann an Gàidhlig sa bhun-sgoil bho BS2/3 air adhart. Tha an aithisg iomlan cuideachd a' toirt iomradh air grunn eisimpleirean de dheagh dhòighean-obrach ann an lìbhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig aig gach ìre.
49. Ann am Foghlam tron Ghàidhlig, mar a tha fìor do mhion-chànanan dualchasach no bogadh ann am mion-chànanan eile tha daonnan feum air:
- piseach leantainneach air teagasg Foghlam tron Ghàidhlig, stuthan ionnsachaidh is goireasan;
  - oidean is tidsearan tro Ghàidhlig aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile is àrd-sgoile le teisteanasan is trèanadh ro mhath a thèid a leasachadh ri ùine, feuch an tig piseach air:
    - cho fileanta 's a tha iad ann an Gàidhlig;
    - an tuigse a th' aca air ionnsachadh bogaidh am mion-chànan;
    - an comas aca, fiù 's mar thidsearan chuspairean, gus teagasg ann an dòigh a bheir piseach air comasan cànanain is litearrachd nan sgoilearan dà-chànanach aca;
  - barrachd chothroman do dh'oidean is tidsearan am Foghlam tron Ghàidhlig a bhith ag ionnsachadh bho chèile agus goireasan a cho-roinn.
50. Mar a tha fìor do mhion-chànanan eile, tha na 'modailean' airson foghlam mion-chànanain mar a tha iad air am mìneachadh agus air am moladh ann am poileasaidhean gu tric a' dol an aghaidh na fianais a gheibhear bho na tha tachairt sna clasaichean. Ann an Alba, coltach ri àiteachan eile, tha barrachd is barrachd mothachaidh dha mar a dh'fheumar coimhead ri dòighean-teagaisg sna clasaichean, agus mar a dh'fheumar coimhead ri sàr dhòighean-obrach agus iad sin a cho-roinn eadar oidean is tidsearan tro CPD, ITE agus stiùiridhean nàiseanta.
51. Tha an aithisg seo air coimhead air cuid de na ceistean as deatamaiche a thaobh dhòighean-teagaisg mar: a' frithealadh air feumalachdan eadar-dhealaichte luchd-ionnsachaidh L1 is L2, agus a' comharrachadh chleachdaidhean ionnsachaidh èifeachdach a bheir piseach air, agus a chuireas brìgh ri, sgilean cànanain is litearrachd sgoilearan dà-chànanach aig gach ìre agus air feadh a' churraicealaim. Chithear ro-innleachdan gus coimhead ris na ceistean seo san aithisg iomlan.

52. Tha an rannsachadh air cleachdadh san t-seòmar teagaisg a chaidh a sgrùdadh airson na h-aithisg seo a' tarraing aire cuideachd do mar a dh'fheumar coimhead gu cùramach air dè an t-àite a th' aig a' Bheurla (agus cànan dachaigh sam bith eile) ann an ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a' cheist seo ann aig gach ìre, bho ro-sgoil gu àrd-sgoil, agus tha e follaiseach gu bheil feum air sgrùdadh feuch an gabh dòighean-teagaisg a chruthachadh a tha freagarrach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
53. Tha na modailean le foghlam trì-chànanach air an tugadh sùil cuideachd a' sealltainn gum faodar 's dòcha feallsanachd Eòrpach no ISCA a chur an sàs, anns a bheilear a' cleachdadh nuadh-chànanan mar mheadhan teagaisg, airson cuid a chuspairean sa churraicealaim aig Foghlam tron Ghàidhlig an-dràsta. Tha na dh'fhiosraich modailean cànan eile a' sealltainn gum biodh barrachd fileantais aig sgoilearan foghlam Gàidhlig nan deigheadh an fheallsanachd air cùl ISCA a chur an sàs ann a bhith a' teagasg Gàidhlig mar chuspair agus mar mheadhan teagaisg airson grunn chuspairean sa churraicealam ann an sgoiltean Beurla.
54. Chaidh grunn cheistean mu structaran is cosgaisean a thogail. Nam measg bha na cosgaisean an lùib tuilleadh trèanaidh airson oidean is tidsearan, leasachadh stuthan teagaisg, 'dian-bhogadh' airson sgoilearan a thig don t-siostam aig ìre nas anmoiche agus a' cur an sàs nuadh-chànanan mar mheadhan teagaisg ann an cuspairean neo-chànanach sa churraicealam.

## Molaidhean

- A rèir a' mholaidh aig HMle (2011) airson stiùireadh sgrìobhte nàiseanta air Foghlam tron Ghàidhlig, bu chòir stiùireadh a bhith ann mar phàirt dheth air:
  - mar a thig piseach leantainneach air bogadh am Foghlam tron Ghàidhlig aig gach ìre bho 3–18;
  - cuin a bu chòir do chlann gluasad bho 'làn-bhogadh' gu 'bogadh', gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd ann am foghlam bun-sgoile;
  - mar a dh'aithnichear gu bheil pàiste 'deiseil' airson Beurla ionnsachadh gu foirmeil, no faodar dìreach a ràdh gun tig Beurla 'foirmeil' a-staigh gu gach bun-sgoil Ghàidhlig ann am BS3.
- Bu chòir dòighean-teagaisg iomchaidh a stèidheachadh gus an Curraicealam airson Sàr-mhathas airson sgoiltean-àraich a chur an gnìomh le buaidh ann am Foghlam tron Ghàidhlig. Bu chòir don stiùireadh air Foghlam ro-sgoile tron Ghàidhlig coimhead ri na dh'fheumas oidean ro-sgoile:
  - fileantas is misneachd sna comasan Gàidhlig aca fhèin;
  - tuigse iomlan air dà-chànanas agus togail cànan ann am foghlam bogaidh mion-chànan;
  - eòlas air dòighean-teagaisg gus an toir iad taic do, agus gus an làimhsich iad, na feumalachdan cànan is foghlaim eadar-dhealaichte a th' aig clann le Gàidhlig agus gun Ghàidhlig.

## Coimeas eadar Modailean Bogaidh Cànanain do Chlann-sgoile 2012

- Bu chòir CPD leantainneach a thoirt do gach oide aig ìre ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile:
  - gus deagh chleachdaidhean ionnsachaidh ann am foghlam bogaidh am mion-chànan agus teagasg tron Ghàidhlig a cho-roinn; agus
  - gus an toir gach tidsear (tidsearan chuspairean cuideachd) taic is oideachadh a tha sàr-mhath is cunbhalach do sgoilearan dà-chànanach agus iad ag ionnsachadh sgilean cànanain is litearrachd ann am Foghlam tron Ghàidhlig.
- Bu chòir do *Bhòrd na Gàidhlig* agus *Foghlam Alba* obair còmhla gus daoine a bhrosnachadh a bhith a' cleachdadh lìonraidhean mar GLOW barrachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach tidsear no oide ann am Foghlam tron Ghàidhlig air goireasan is trèanadh ùr.
- Bu chòir do *Bhòrd na Gàidhlig* beachdachadh air sgioba no lionra a stèidheachadh le tidsearan no oidean tron Ghàidhlig aig a bheil deagh eòlas a bheireadh taic is comhairle do thidsearan tron Ghàidhlig agus Foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, aig gach ìre de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig.
- Bu chòir oidean a bhrosnachadh gus IT a chur gu barrachd feum mar inneal gus deagh chleachdaidhean a cho-roinn eadar sgoiltean is ùghdarrasan ionadail, mar eisimpleir, tro Àrainneachd Ionnsachaidh Mas Fhìor (VLE), Skype agus co-labhairtean bhidio.
- Bu chòir prògraman cànanain Gàidhlig a leasachadh a bheir taic do chlann le feumalachdan ionnsachaidh agus aig am biodh feum 's dòcha air taic-cànanain shònraichte.
- Bu chòir do *Bhòrd na Gàidhlig* beachdachadh air dè an dòigh as fheàrr Gàidhlig ionnsachadh agus taic-ionnsachaidh a thoirt do sgoilearan a thig don t-siostam anmoch los gun urrainn dhaibh a dhol gu Foghlam tron Ghàidhlig aig àm sam bith.
- Bu chòir taic-cànanain a bharrachd a bhith ann do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gus an urrainn dhaibh a ghluasad gu Foghlam tron Ghàidhlig.
- Bu chòir do *Bhòrd na Gàidhlig* beachdachadh air sgeama dearbhaidh airson an dòigh-teagaisg aig ISCA airson nuadh-chànanan a chur an sàs mar phàirt de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus/no ìre na h-àrd-sgoile. Bu chòir sùil a chumail air a leithid a dh'iomairt agus measadh a dhèanamh air, feuch an gabhadh modail mar sin a sgaoileadh mean air mhean.
